

Adhbhar na Dreuchd	
Tìotal na h-Obrach:	Oifigear Leasachaidh Feumalachdan a Bharrachd
Àite:	Sùbailte
Cùmhnant:	Maireannach
Uairean san t-Seachdain:	17.5
Cunntachail do:	Ceannard
Tuarastal:	£44,200 per annum + Cuibhreann nan Eilean ma tha sin iomchaidh (pro-rata)

Amas na Dreuchd

Bidh Oifigear Leasachaidh nam Feumalachdan a Bharrachd a' leasachadh, ag atharrachadh agus a' libhrigeadh stuthan foghlaim Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh le diofar fheumalachdan sònraichte.

Dleastanasan

1. A' cruthachadh stuthan teagaisg Gàidhlig diofaraichte (goireasan lèirsinneach, duilleagan-obrach, stuthan didseatach) air an dèanamh freagarrach do dhiofar fheumalachdan sònraichte.
2. A' gabhail pàirt ann an sgiobaidhean phròiseactan a rèir feum.
3. A' sgrùdadh, a' cruthachadh, a' sgrìobhadh agus a' dèanamh dreach de stuthan mar a thèid aontachadh.
4. A' dèanamh ceangal ri sgoiltean agus ùghdarrasan.
5. A' cumail suas ris an stiùireadh as ùire air foghlam agus cànan a thaobh Gàidhlig mar chuspair agus a' gabhail pàirt ann an cùrsaichean trèanaidh air an aontachadh ris a' Mhanaidsear.
6. A' dèanamh cinnteach gu bheil goireasan a' tighinn a rèir frèam-obrach a' churraicealam.
7. A' dèanamh ceangal ri Sgioba Càileachd Stòrlann airson a bhith cinnteach à mionaideachd agus ìre cànan agus ùghdarrachd cultarail nan stuthan gu lèir.
8. A' dèanamh ceangal ri buidhnean iomchaidh, air aontachadh le Stòrlann, airson cur ri leasachadh ghoireasan.
9. A' dèanamh cinnteach gu bheil gach obair is dleastanas air an coileanadh gu sàbhailte gus nach èirich cron sam bith dhut a thaobh do shlàinte no do shàbhailteachd, no do neach-obrach sam bith eile no do neach dhen phoball.
10. A' gabhail pàirt ann an tachartasan ionnsachadh fad-bheatha gus taisbeanadh a dhèanamh air goireasan foghlaim Stòrlann, mar eisimpleir trèanadh in-sheirbheis.
11. A' siubhal mar a bhios feum air gus dleastanasan na h-obrach a choileanadh.
12. Dleastanasan eile a rèir inbhe na dreuchd air am bi feum bho àm gu àm gus dèanamh cinnteach à èifeachdas na seirbheis.

SÒNRACHADH PEARSA

Tha am foirm seo a' comharrachadh nan slatan-tomhais riatanach agus feumail a chleachdar ann a bhith a' taghadh thagraichean a bhios air am fiathachadh gu agallamh. Dèanaibh cinnteach gun lìon sibh ur foirm-tagraidh a rèir nan slatan-tomhais seo.

TIOTAL NA H-OBRAICH: Oifigear Leasachaidh Feumalachdan a Bharrachd

SLATAN-TOMHAIS		RIATANACH		FEUMAIL
Eòlas	E1	Deagh thuigse air Feumalachdan a Bharrachd agus eòlach air a bhith a' toirt taic do chlann le feumalachdan sònraichte.	D1	Eòlas air sgrìobhadh, eadar-theangachadh, deasachadh agus sgilean dearbh-leughaidh.
	E2	Sàr eòlas air teagasg ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig anns a' Bhun-sgoil.	D2	Eòlas air stiùireadh phròiseactan.
	E3	Eòlas air gràmar, stoidhle agus modh-cànain na Gàidhlig.		

Sgilean agus comasan	E4	Comas dearbhte ann an obair còmhla ri clann le Feumalachdan a Bharrachd ann an suidheachadh taiceil.		
	E5	Sàr sgilean ann an litearrachd na Gàidhlig gu ìre adhartach (leughadh, sgrìobhadh, labhairt).		
	E6	Èifeachdas ann an cùisean eagrachail agus rianachd, a' gabhail a-steach comas dearbhte air libhrigeadh a rèir cinn-latha agus buidseat		
	E7	Eòlas air prògraman Microsoft Office a chleachdadh		
	E8	Èifeachdas ann an stèidheachadh deagh dhàimhean-obrach le cunnradairan		
	E9	Sàr sgilean cruthachaidh ann a bhith a' sgrìobhadh agus a' leasachadh ghoireasan		
	E10	Eòlas air a bhith ag obair nad aonar agus ann an sgioba		
	E11	Sàr sgilean conaltraidh		
Foghlam / Eòlas	E12	Teisteanas ann an teagasg Gàidhlig	D3	Eòlas air stiùireadh phròiseactan
	E13	Eòlas air teagasg tro mheadhan na Gàidhlig sa Bhun-sgoil		
Eile	E14	Cead-dràibhidh (feumail)		
	E15	Dòigh-obrach shùbailte		